

Comhairle na Gàidhealtachd

Cuspair Clàir-ghnothaich	6
Àir. Aithisge	HC/13/25

Comataidh: Comataidh na Gàidhlig

Ceann-latha: 27 Lùnastal 2025

Tìotal Aithisge: Cunntas às Ùr mu Fhoghlam Gàidhlig

Aithisg le: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine

1. Adhbhar/Geàrr-chunntas Gnìomhach

1.1 Tha an aithisg seo a' toirt fiosrachadh do Bhuill mu phrìomh raointean leasachaidh o chionn ghoirid taobh a-staigh foghlam Gàidhlig, a' gabhail a-steach:

- ceannardas Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd (An Sgoil Chiùil) a thaobh spiorad Gàidhlig thar a' churraicealaim aca gus eòlasan matha is ion-ghabhaltach a chruthachadh airson na Gàidhlig thar na sgoile;
- Foir-shealladh de dh'àireamhan-sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig mar cheudad; agus
- Foir-shealladh cruinn-eòlasach de sholar Foghlam Gàidhlig ann an sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd.

2. Molaidhean

2.1 Thathar ag iarraidh air Buill:

- i. toirt fa-near dhan aithisg;
- ii. aithne a thoirt dhan cheannardas a chaidh a shealltainn aig An Sgoil Chiùil gus ùidh fhàs agus a' Ghàidhlig àrach mar phàirt de spiorad na sgoile; agus
- iii. toirt fa-near do na raointean fais ann an àireamhan sgoilearan thar 3–18.

3. Builean

3.1 Goireas

Airson na bliadhna ionmhasail 2025/26, chuir a' Chomhairle a-steach iarrtas Tabhartas Sonràichte na Gàidhlig (TSG) airson £1.3M mu choinneimh caiteachas ro-mheasta de £8.3M agus chaidh £940,000 fhaotainn.

Tha am maoineachadh a tha Riaghaltas na h-Alba a' toirt seachad tro TSG a' toirt taic luachmhor seachad airson raon farsaing phròiseactan a tha a' cuideachadh na Comhairle gus na gealltanasan aice a libhrigeadh fo Phlana na Gàidhlig agus tha a' mhòr-chuid a' dol ri libhrigeadh Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig.

A bharrachd air prìomh mhaoineachadh na Comhairle agus TSG, bidh buidseat na Gàidhlig cuideachd a' gleidheadh maoineachadh a bharrachd tro thagraidhean airson phròiseactan sònraichte bho Bhòrd na Gàidhlig, agus Maoin Ro-innleachdail nam Planaichean Gàidhlig (MPG).

3.2 Laghail

Tha e mar riatanas air Comhairle na Gàidhealtachd am Plana Gàidhlig aice a bhuileachadh fo Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha Earrann 15 de dh'Achd an Fhoghlaim (Alba) 2016 ga chur mar riatanas gu bheil dleastanas air ùghdarrasan foghlaim air fad brosnachadh agus taic a thoirt do dh'fhoghlam Gàidhlig.

3.3 Cunnart

Chan eil cunnartan a' tighinn am bàrr bhon aithisg seo.

3.4 Slàinte is Sàbhailteachd (cunnartan a' tighinn am bàrr mar thoradh air

atharrachaidhean do dh'uidheamachd, acfhainn, pròiseas no daoine)
Chan eil builean Slàinte is Sàbhailteachd a' tighinn am bàrr on aithisg seo.

3.5 Gàidhlig

Tha an aithisg a' cur ri leasachadh foghlam Gàidhlig taobh a-staigh sgìre Chomhairle na Gàidhealtachd agus a' cur taic ri buileachadh Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd agus Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

4. Buaidhean

4.1 Ann an Comhairle na Gàidhealtachd, tha poileasaidhean, ro-innleachdan no atharrachaidhean seirbheis uile fo ùmhlachd sgrìonadh amalaichte airson buaidh air Co-ionannachdan, Bochdainn is Còraichean Daonna, Còraichean is Sunnd Chloinne, Atharrachadh Gnàth-shìde, Eileanan is Coimhearsnachdan Dùthchail air Tir-mòr, agus Dìon Dàta. Far a bheil feumalachd air a h-aithneachadh, thèid measadh buaidh iomlan a ghabhail os làimh.

4.2 Tha a bhith a' beachdachadh air buaidhean na phàirt bhunaiteach dhen phròiseas cho-dhùnaidhean agus feumaidh seo fios a chur ris a' phròiseas cho-dhùnaidhean. Nuair a thathar a' tighinn gu co-dhùnadh sam bith, feumaidh Buill aire iomchaidh a thoirt do thoraidhean measaidh sam bith.

4.3 'S e aithisg ùrachaidh a tha seo agus mar sin chan eil feum air measadh buaidh.

5. Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd, Am Ploc

5.1 'S e Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd an aon ionad sàr-mhathais ann an Alba a tha gu sònraichte airson ceòl traidiseanta na h-Alba.

Tha an Sgoil Chiùil a' tabhann oideachadh de chàileachd àrd agus eòlas iomlan is domhainn ann an ceòl traidiseanta a tha a' gabhail a-steach oideachadh fa leth, obair-buidhne, bùithtean-obrach is clasaichean maighstireachd, taisbeanadh, clàradh, agus eachdraidh is cùl-raon a' chiùil. 'S e sàr luchd-ciùil a th' anns na h-oidean air fad, agus tha an cuid eòlais agus nàdar dreuchdail a' churraicealaim a' dèanamh cinnteach gu bheil na sgoilearan a' fàgail na sgoile is iad uidheamaichte gus soirbheachadh ann an dreuchd ciùil. Tha cothrom aig na sgoilearan uile air slighean ionnsachaidh FtG no FLI.

5.2 Tha an sgoil na pàirt de Champas Foghlaim 3–18 a’ Phluic, a tha a’ gabhail a-steach Bun-Sgoil agus Sgoil-Àraich a’ Phluic agus Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd – an t-ionad nàiseanta airson sàr-mhathais ann an ceòl traidiseanta.

Is iad na bun-sgoiltean co-cheangailte airson Àrd-Sgoil a’ Phluic aig an àm seo: Bun-Sgoil a’ Phluic, Bun-Sgoil Loch Dubhthaich, Bun-Sgoil Uachdar Thìre, Bun-Sgoil Ghlinn Eilg, Bun-Sgoil a’ Chaoil, Bun-Sgoil Loch Carrann, Bun-Sgoil na Comraich agus Bun-Sgoil Chaol Acaìn. Tha a dhà de na bun-sgoiltean co-cheangailte a’ tabhann FtG. Tha na bun-sgoiltean co-cheangailte air fad a’ tabhann slighe luchd-ionnsachaidh Gàidhlig.

5.3 Air Diardaoin 19 Ògmhios, aig Taigh-Cluiche Chùirt an Easbaig ann an Inbhir Nis, chomharraich an Sgoil Chiùil 25 bliadhna iongantach de cheòl, meantorachd, is coimhearsnachd.

Tro fheasgar de thaisbeanaidhean beothail bho oileanaich làithreach, seann sgoilearan cliùiteach, agus aoighean sònraichte, rinn an sgoil moladh air ealantas, dìlseachd, is tapachd a tha air a bhith follaiseach san Ionad bho chaidh a stèidheachadh.

[Sgoil Chiùil na Gàidhealtachd aig 25](#)

5.4 Tha Comhairle na Gàidhealtachd air iarrtas a chur a-steach gu Tabhartasan Calpa Gàidhlig Riaghaltas na h-Alba airson £20,000 gus taic a chur ri bhith a’ leasachadh goireasan aig an Sgoil Chiùil. Ma bhios an t-iarrtas soirbheachail, thèid goireasan a leasachadh, thèid dìon-fuaime ùrachadh, agus thèid stiùidio clàraidh ùr a thogail. Thathar an dùil gun tig fios mun duais aig toiseach an fhoghair.

6. Àireamhan sgoilearan ann am foghlam Gàidhlig 2024/25 mar cheudad de na sgoilearan uile

6.1 Tha an clàr gu h-ìosal a’ toirt cunntas às ùr air àireamhan sgoilearan 2024/25 agus na ceudadan aca mu choinneimh àireamh iomlan nan sgoilearan sa Ghàidhealtachd tro bhith a’ sgrùdadh dàta a chaidh a thrusadh bho sgoiltean.

Bliadhna Acadaimigeach 24/25	Sgoilearan Iomlan	FLI	FtG	%
% Sgoilearan Àrd-sgoile Luchd-ionnsachaidh Gàidhlig	12791	2065		16.14
% Sgoilearan Àrd-sgoile Gàidhlig	12791		460	3.6
% Sgoilearan Sgoil-àraich (TICC) FtG	3600		356	9.89
% Sgoilearan Bun-sgoile FtG	16022		1092	6.82

Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig (FLI) – tha àrdachadh 1% ann an ceudad bho 23/24 a’ sealltainn gluasad gu ruige fàs ann an àireamhan sgoilearan a tha a’ gabhail pàirt sa churraicealam FLI airson ÀS1–ÀS6.

Foghlam tron Ghàidhlig (FtG) FtG Àrd-sgoile – tha àrdachadh 0.4% bho 3.2 ann an 23/24 a’ sealltainn gu bheil àrdachadh ann an àireamhan sgoilearan ann am FtG àrd-sgoile. Tha seo gu ìre air sàillibh àrdachadh ann an àireamhan a’ dol bho bhun-sgoil gu àrd-sgoil sna buidhnean sgoiltean a tha co-cheangailte ris na bun-sgoiltean anns a bheil Gàidhlig a-mhàin.

FtG Sgoil-àraich – 9.89%, an ceudad as àirde a tha clàraichte ann an TICC FtG na Gàidhealtachd gu ruige seo, àrdachadh de 0.6% bho 23/24. Bha Plana Gàidhlig Chomhairle na Gàidhealtachd (PG) 2018–2023 ag amas air targaid de 10% de sgoilearan ann am FtG Bun-sgoile. Rè co-chomhairleachadh PG 2018–2023, bha 6.27% clàraichte ann an Tràth-ionnsachadh is Cùram-chloinne FtG. Tha seo a’ gabhail a-steach 17 sgoilearan ann an sgoiltean-àraich com-pàirteach.

FtG Bun-sgoile – àrdachadh beag de 0.1% ann am bun-sgoil iomlan bho 23/24, a’ cumail a’ dol gluasad àrdachaidh a thaobh clàrachadh ann am FtG P1 air sàillibh àireamhan nas àirde de sgoilearan TICC FtG a’ gluasad dhan bhun-sgoil.

Ann an 2025/26, bidh Comhairle na Gàidhealtachd a’ comharrachadh 40 bliadhna de dh’Fhoghlam tron Ghàidhlig. Thèid tuilleadh fiosrachaidh mu ghnìomhan is mu ghnìomhachd gus a’ chlach-mhìle a chomharrachadh a cho-roinn aig an ath choinneamh de Chomataidh na Gàidhlig.

- 6.2 Chaidh grafaig-fiosrachaidh a chruthachadh gus cuideachadh le bhith a’ tuigsinn sgaoileadh cruinn-eòlasach foghlam Gàidhlig (dàta a chaidh a thrusadh, Giblean 2025) agus chithear seo ann an **Eàrr-ràdh 1**.

Tha an grafaig-fiosrachaidh a’ sealltainn nan gluasadan ann an àireamhan sgoilearan ann an TICC, bun-sgoil is àrd-sgoil FtG agus FLI. Tha an raon-ùine anns gach sgoil a’ còmhachadh bho 2017/2018 gu 2024/2025.

Tha rangachadh RAG a’ sealltainn nan gluasadan ann an àireamhan sgoilearan. Far a bheil àireamhan a’ tuiteam, thathar a’ beachdachadh air co-theacsa ionadail, a leithid ceudad de chlàr na sgoile, gus an tuigear an t-atharrachadh. Mura h-eil seo ceangailte ri lùghdachadh iomlan ann an clàr na sgoile, thathar a’ cur taic shònraichte air dòigh tro chleasan 0–3 agus tro bhith a’ cur air adhart foghlam Gàidhlig agus a’ togail aire sna sgìrean sin.

Ainmeachadh: Iar-Àrd-Oifigear – Daoine


Ceann-latha: 08 Iuchar 2025

Ùghdaran: Lena Walker, Oifigear Taic Foghlaim


Pàipearan Cùl-fhiosrachaidh: neo-bhuntainneach

Eàrr-ràdhan: Eàrr-ràdh 1 – Grafaigean-fiosrachaidh FtG Giblean 2025

2024-25 ELC



2024-25 PRIMARY



2024-25 SECONDARY

